

## GAIRM GU ÙRNAIGH: LATHA NA SÀBAID 18mh dhen DÀMHAIR 2020

### Ùrnaigh aig 7f

An tèid Dia maille rinn? Sin a' cheist a tha aig mòran an-diugh. An tèid Dia maille rinn, tro na dùblanan a tha romhainn uile, gu pearsanta agus mar choimhearsnachd? An tèid Dia maille rinn tro na làithean mì-chinnteach seo? Ma thèid, ciamar a bhios fios againn gun tèid?

Treòraich Maois an sluagh às an Èipheit, agus tro bliadhnaichean an turais aca san fhàsach, b' e an aon cheist a bha aig sluagh Israel: An tèid Dia maille rinn? Ma thèid, ciamar a bhios againn gun tèid? Agus 's e seo freagairt an Tighearna: "Thèid mo làthaireachd maille ribh, agus bheir mi fois dhuibh... agus is aithne dhomh sibh air ur n-ainm." Agus ghuidh Maois air gun fhoillsich e dha a ghlòir, agus thuirt an Tighearna, "Feuch tha àite làimh rium, agus seasaidh tusa air carraig, agus nuair a bhios mo ghlòir a' dol seachad, an sin cuiridh mi thu ann sgoltadh den charraig, agus còmhdaichidh mi lem làimh thu gus an tèid mi seachad." (Ecsodus 33: 14 - 23). Mar a tha againn anns an laoidh:

*Chreag a sgaoilteadh air mo sgàth,  
Bi nad fhasgadh dhomh 's nad stà!*

An tèid Dia maille rinn? Thèid, fiù 's air an turas as dorra. Ma thèid, ciamar a bhios fios againn gun tèid? Bidh fios againn oir treòraichidh e sinn a dh'àite sàbhailte.

Dèanamaid ùrnaigh:

A Thighearna, treòraich sinn  
dhan àite far an aithneachar thu  
agus do eòlas air do làthaireachd.  
A Thighearna, na do thròcair,  
èist ri ar n-ùrnaigh.

A Thighearna, treòraich sinn  
dhan àite far an lorgar fois  
agus neart as ùr.  
A Thighearna, na do thròcair,  
èist ri ar n-ùrnaigh.  
A Thighearna, treòraich sinn,  
far an cruinnich an sluagh,  
a chaidh an dealbhadh nad ìomhaigh fhèin,

agus far an cular an guth.  
A Thighearna, na do thròcair,  
èist ri ar n-ùrnaigh.

A Thighearna, treòraich sinn  
dhan àite far an aithnich thu ar n-ainmean fhèin  
agus far an gabh thu rinn.  
A Thighearna, na do thròcair,  
èist ri ar n-ùrnaigh.

A Thighearna, treòraich sinn,  
do fhasgadh daingean,  
far an gabhamaid dìon.  
A Thighearna, na do thròcair,  
èist ri ar n-ùrnaigh.

A Thighearna, treòraich sinn,  
dhan àite far a bheil do ghlòir air a foillseachadh,  
agus far am bi ar beathanan air an cruth-atharrachadh ann an Crìosd.  
A Thighearna, na do thròcair,  
èist ri ar n-ùrnaigh.

Soidhnichte:  
An Ceart Urramach Màrtainn Fair, Moderàtor Àrd-Sheanadh Eaglais na h-Alba

Am Fìor Urramach Leo Cushley, Àrd-Easbaig Chill Rìmhinn agus Dùn Èideann

Am Fìor Urramach Coamhan Pearson, as leth Colaiste nan Easbaigean, Eaglais  
Easbaigeach na h-Alba

An t-Urramach Iain Fulton, Moderàtor, Eaglais Shaor Aonaichte na h-Alba

An t-Urramach Lindsey Sanderson, Moderàtor, Eaglais Ath-Leasaichte

Aonaichte (Alba)

An t-Urramach Màrtainn Hodson, Àrd-Stiùiriche, Aonadh Baisteach na h-Alba

An t-Urramach Marcus Slaney, Cathraiche Roinn-Dùthcha, Eaglais nam

Methodach (Alba)

An t-Urramach May-Kane Logan, Cathraiche, Caidreachas Co-thionalach ann an

Alba

Lt. Col. Carol Bailey, Rùnaire na h-Alba, Feachd na Slàinte

Adwao Bittle, Comann nan Caraidean (Cuagairean)

An t-Urramach Jim Ritchie, Àrd-Neach-Stiùridh Roinn-Dùthcha, Eileanan

Bhreatainn, Eaglais an Nàsaraich

Aoghaire Chris Gbenle, Aoghaire Roinn-Dùthcha, Mòr-Roinn na h-Alba, Eaglais

Chrìosdal air Saoradh le Dia

Easbaig Francis Alao, Eaglais Dhè (Alba)/ Eaglaisean nam mìon-shluagh còmhla ann an Alba (MECTIS)

An t-Urramach Fred Drummond, Stiùiriche, Caidreachas Soisgeulach (Alba)